



OIFIS CHOITCHEANN A' CHLÀRAIDH *an ALBA* *fiosrachadh mu mhuinntir na h-Alba*

Roinn Posaìdh/Com-pàirteachas Catharra, Taigh Ùr a' Chlàraidh, Dùn Èideann EH1 3YT, Alba, RA
Fòn 0131 314 4447 (Eadar-nàiseanta + 44 131 314 4447)
Telefac 0131 314 4400 (Eadar-nàiseanta + 44 131 314 4400)
Làrach-lìn <http://www.gro-scotland.gov.uk>



CLÀRADH COM-PÀIRTEACHAS CATHARRA AN ALBA - AN SUIM A PHÀIGHEADH SIBH

Tapadh leat airson fios a chur thugainn mu bhith a' cur air dòigh clàradh do Chom-pàirteachas Catharra an Alba. Bidh tu airson faighinn a-mach dè chosgadh seo.

Cìsean reachdail airson clàraidhean Com-pàirteachas Catharra

A' tòiseachadh bho 5 Dùbhlachd 2005, tha na **cìsean air an cur air dòigh leis an Àrd-neach-clàraidh** fo Achd Com-pàirteachas Catharra 2004 mar a leanas:

Airson gach duine a tha a' toirt rabhadh clàradh Com-pàirteachas Catharra do neach-clàraidh na sgìre	£25
Airson clàradh Com-pàirteachas Catharra	£45
Airson gach earrann den chlàradh anns a' Chlàr Com-pàirteachas Catharra (air a chur a-steach taobh a-staigh bliadhna den Chom-pàirteachas Catharra a bhith clàrte)	£8.50

Mar sin b' urrainn do dhithis rabhadh clàradh Com-pàirteachas Catharra a thoirt seachad, le Com-pàirteachas Catharra clàrte leis an neach-clàraidh ann an oifis clàraidh, agus le aon earrann den chlàradh (an 'teisteanas clàradh Com-pàirteachas Catharra' aca) airson suim iomlan cìsean reachdail de **£103.50**

Bu chòir am pàigheadh a dhèanamh le airgead Breatannach agus feumaidh tu daingneachadh cò dha a bu chòir na seicichean a phàigheadh. Feumar neach-clàraidh ionadail a tha na oifigear de dh'ùghdarras ionadail le ùghdarras bhon Àrd-Neach-Clàraidh airson Com-pàirteachasan Catharra a chlàradh gus ullachaidhean a dhèanamh fa chomhair seo aig a' chis reachdail ma tha rabhadh iomchaidh air a thoirt. Tha clàradh Com-pàirteachas Catharra aig a' chis reachdail an còmhnaidh a' ceadachadh dithis dhaoine, a bharrachd air na com-pàirtichean catharra, a bhith an làthair mar fhianaisean air a' chlàradh Com-pàirteachas Catharra, mar a tha air iarraidh leis an lagh. Tha a' chàraid mar as trice a' taghadh 's a' toirt cuireadh do dhithis fhianaisean.

Cìsean a bharrachd air an cur leis an ùghdarras ionadail airson clàradh Com-pàirteachas Catharra

Faodaidh cuid de **dh'oifisean clàraidh** cothrom a thoirt air àite no goireasan a tha freagarrach airson daoine a thuilleadh air a' chàraid 's an dithis fhianaisean a bhith an làthair aig a' chlàradh Com-pàirteachas Catharra, no cothrom a thoirt air Com-pàirteachasan Catharra a chlàradh aig amannan sònraichte a dh'fheumas frithealadh sònraichte leis an neach-clàraidh (mar eisimpleir, taobh a-muigh uairean oifis Diluain gu Dihaoine). 'S dòcha gun cuir seo cosgaisean a bharrachd air an ùghdarras ionadail, agus 's dòcha gum bi an t-ùghdarras ann an cuid de shuidheachaidhean airson cìsean a bharrachd a chur orra, a thuilleadh air na cìsean reachdail a chaidh ainmeachadh, gus coinneachadh ris na cosgaisean sin. Tha na cìsean seo eadar-dhealaichte bho oifis gu oifis, a rèir 's dè na goireasan a thathar a' tabhann, agus a rèir co-dhùnadh an ùghdarras dè a' chosgais a bu chòir a chur air seo. Faighnich dhan neach-clàraidh ionadail dè na cìsean a bharrachd a dh'fhaodadh a bhith ann.

Faodaidh ùghdarras ionadail cìsean a chur air dòigh airson neach-clàraidh ùghdarrachd a bhith an làthair aig **àiteachan a thuilleadh air oifisean clàraidh**. Tha na cìsean seo eadar-dhealaichte bho àite gu àite, a rèir co-dhùnadh an ùghdarras dè a' chosgais a bu chòir a chur air seo. Faighnich dhan neach-clàraidh ionadail dè a' chis a bharrachd a dh'fhaodadh a bhith ann.